

Bruidhneamaid mu
Fhoghlam na h-Alba: **An
Deasbad Nàiseanta
againn**



Stùireadh deasbaid airson beachdan **chloinne òga** fhaighinn

Chaidh an stùireadh seo a dhealbhadh airson luchd-ionnsachaidh eadar 3 agus 7 bliadhna a dh'aois ach gabhaidh e chleachdadh le buidhnean aoise eile mar as iomchaidh

[#TalkScottishEducation](https://twitter.com/TalkScottishEducation)

Facal-tòiseachaidh

Chaidh an stiùireadh deasbaid seo ullachadh gus cuideachadh le bhith a' cruinneachadh bheachdan chloinne òga.

Chaidh an stiùireadh seo a dhealbhadh ann an cruth-leabhar dhealbhan gus bruidhinn gu dìreach ri cloinn òga agus tha e a' mìneachadh dhaibh carson a tha an cuid bheachdan cudromach agus mar as urrainn dhaibh freagairt.

Dèan taghadh eadar na roghainnean san stiùireadh seo a fhreagras air feumalachdan do chuid cloinne. Faodaidh tu an atharrachadh mar a dh'fheumar.

Tha sinn a' brosnachadh fhreagairtean cruthachail oir tha fios againn gu bheil guthan chloinne òga air an cur an cèill tro na **gnìomhan, na faireachdainnean, agus na faclan** aca.
(A' coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin, 2020)

Chaidh an stiùireadh seo a dhealbhadh le clann eadar aois 3 gu 7 san amharcach faodar a chleachdadh cuideachd le clann agus daoine òga de gach aois a dh'fhaodadh freagairt nas fheàrr air an dòigh-obrach seo.



#TalkScottishEducation

#Prògram Muinntinn

Albannach

“Seo na tha mi a’
smaoineachadh...”



Stiùireadh a chuidicheas tu gus
pàirt a ghabhail ann an deasbad
nàiseanta na h-Alba air foghlam

Dè tha dol?

Tha daoine air feadh Alba a' bruidhinn air foghlam.

Chaidh gealtainn gun èisteachd sinn ri beachdan chloinne is dhaoine òga coltach riut fhèin.

Mar sin, tha do 'ghuth' anns an deasbad seo glè chudromach



Carson a tha thu ag iarraidh mo
bheachdan?

Mar neach-òg ann an Alba, tha do
bheachdan cudromach

Tha fios agad dè a tha ag obair gu math
agus dè a dh'fhaodadh cùisean a
dhèanamh nas fheàrr buileach do
chloinn coltach riut fhèin san àm ri
teachd

Tha còir agad cuideachd a bhith air do
chluinntinn le inbhich nuair a nì iad co-
dhùnaidhean a bheir buaidh ort.

Tha do bheachdan cudromach, èistidh
sinn riutha gu faiceallach agus
cleachdaidh sinn iad gus foghlam
Albannach a dhèanamh nas fheàrr dhan
a h-uile duine



Faodaidh tu
cuideachadh le bhith
a' smaoinichadh
mu na ceistean seo
gu faiceallach agus
am freagairt anns an
dòigh as fheàrr
leat...

Dè bu chòir do chloinn a
bhith ag ionnsachadh,
nad bheachd – agus
carson?

Dè na h-àiteachan as
fheàrr airson a bhith ag
ionnsachadh, nad
bheachd – agus carson?

Ciamar a bu chòir do chloinn a
bhith ag ionnsachadh (dè na
dòighean anns am bu chòir do
chloinn a bhith ag ionnsachadh)
nad bheachd – agus carson?

Cò as fheàrr leis am bi clann
ag ionnsachadh – agus
carson?



Fuirich... an tuirt thu "freagair ann an dòigh as fheàrr a tha ag obair dhomhsa"?

Thuir. Tha e cudromach gu bheil thu a' faireachdainn gu bheil do smaointean air an toirt dhuinn ann an dòigh a tha freagarrach dhut fhèin.

Dh'fhaodadh seo a bhith tro sgrìobhadh, dealbhan a tharraing, dealbhan-camara a thogail no a bhith a' clàradh criomag bhidio no fuaime.

Dh'fhaodadh tu freagairt leat fhèin, le caraid no mar phàirt de bhuidheann.



Dè nì mi ma tha tòrr cuideachaidh a dhìth orm le seo?

"Dè tha na gnìomhan, faireachdainnean agus faclan agam ag innse dhut mu na tha a dhìth orm bhut gus fàs agus leasachadh anns gach dòigh?"

(A' coileanadh a' Chomais: Annam Fhèin, td.46)

Tha e cudromach gun cluinn sinn a h-uile guth Dh'fhaodadh na h-inbhich mun cuairt ort dòighean a chleachdadh leithid dealbhan-camara no criomagan airson do chuideachadh le bhith a' togail do ghuth – dìreach mar a nì iad nuair a bhios iad a' cruthachadh leabhraichean-ùrlair no ag ionnsachadh sgeulachdan còmhla riut.

Tro na dòighean seo chì sinn dè tha cudromach dhutsa agus dè a chuidicheas clann coltach riut fhèin san àm ri teachd



Dè thachras a-nis.


Tha ceangal sònraichte againn far am faodar do bheachdan a luchdachadh suas tro fhoirm [Cliog an seo airson an fhoirm](#)

No, faodaidh tu do bheachdan a chur thugainn le bhith a' cur post-d thugainn [cliog an seo gus post-d a chur thugainn](#)

No dh'fhaodadh tu do fhreagairt a cho-roinn gus daoine eile a bhrosnachadh leis an taga-hais #TalkScottishEducation #BruidhinnMuFhoghlamAlbannac Tapadh leat.

Thèid èisteachd gu faiceallach ri gach freagairt agus cuidichidh iad uile gus piseach a thoirt air foghlam na h-Alba

Tapadh leat.





© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022, Share and Share Alike



Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhail air nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh go Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-XXXX-XXX-X (lin a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Sultain 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDASXXXXXX (09/22)